

Brath Naidheachd // Press Release

RI SGAOILEADH SA BHAD

18.03.2021

Dh'aontaich Bòrd na Gàidhlig an-diugh dà leasachadh a thoirt air adhart a neartaicheas cleachdad na Gàidhlig, le fòcas làidir air coimhairsnachdan eileanach is dùthchail. Mar thoradh air na dùblain a dh'adhbhraich COVID-19 do sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FtG), chaidh £212k de mhaoineachadh a thoirt do Chomunn na Gàidhlig, Comann nam Pàrant agus Fèisean nan Gàidheal gus gnìomhan a bharrachd a lìbhrigeadh sa Ghàidhlig do dhaoine òga.

Tron mhaoineachadh, thèid oifigear làn-ùine a chruthachadh airson obrachadh le Fèisean a tha air an stiùireadh leis a' choimhairsnachd anns na h-Eileanan Siar agus thèid dreuchd oifigear làn-ùine a chruthachadh taobh a-staigh Comann nam Pàrant gus taic a chumail ri cleachdad na Gàidhlig taobh a-staigh theaghlaichean. A bharrachd air sin, leis a' mhaoineachadh, bidh e comasach do Chomunn na Gàidhlig taic a bharrachd a chumail ri oifigeanan òigridh ann an Innse Gall, san Eilean Sgitheanach agus ann an Loch Abar, agus aig an aon àm a bhith a' toirt taic ùr do dhaoine òga ann an sgìre Ùig ann an Leòdas, agus Taobh Siar is Taobh Sear Rois. Is e prìomh amas nan dreuchdan sin a bhith a' meudachadh co-obrachadh taobh a-staigh coimhairsnachdan Gàidhlig, a' brosnachadh dhaoine òga a bhith a' cleachdad na Gàidhlig nas trice agus ann an raon nas fharsainge de ghnìomhan agus shuidheachaidhean. Tha Bòrd na Gàidhlig taingeil do Riaghaltas na h-Alba airson maoineachadh ath-bheothachaidh de £150k a thug iad seachad dhan tabhartas seo.

Dh'aontaich am Bòrd cuideachd maoineachadh a thoirt do sgeama pileat luach £154,000 a thèid a thoirt air adhart an co-bhonn le Fearann Coimhairsnachd Alba. Bheir an sgeama, a bhios fosgailte do dh'urrasan coimhairsnachd ann an Innse Gall, agus eileanan Comhairle na Gàidhealtachd agus Earrach-Ghàidheal is Bhòid, maoineachadh gus planaichean Gàidhlig fo stiùir na coimhairsnachd a chur an gnìomh. Libhrigidh Fearann Coimhairsnachd am pileat, agus thèid co-dhùnaidhean mu dhuaisean a lìbhrigeadh le pannal de riochdairean coimhairsnachd. Bheir am maoineachadh seachad grunn thabhartasan airson a bhith a' meudachadh cleachdad, ionnsachadh agus adhartachadh na Gàidhlig, stèidhichte air na gnìomhan a tha gach coimhairsnachd airson a thoirt air adhart.

Thuirt **Màiri NicAonghais, Cathraiche, Bòrd na Gàidhlig**: "Bhruidhinn sinn agus dh'èist sinn ri mòran bhuidhnean mu mar as urrainn dhuinn obrachadh le coimhairsnachdan gus fàs a thoirt air cleachdad na Gàidhlig agus tha sinn mothachail cuideachd air amas Riaghaltas na h-Alba gus barrachd cumhachd a thoirt do choimhairsnachdan. Tha sinn a' faicinn an dà thabhartas seo mar dhòigh adhartach is ùргhnàthach gus co-obrachadh a neartachadh agus gus cleachdad na Gàidhlig a mheudachadh ann an coimhairsnachdan eileanach agus dùthchail gu sònraichte."



Brath Naidheachd // Press Release

Thuirt **an Leas-phrìomh Mhiniestar, Iain Swinney**: "Tha Riaghaltas na h-Alba dealasach a thaobh a bhith a' toirt taic do na coimhairsnachdan Gàidhlig againn agus tha mi a' cur fàilte air na pròiseactan sin a tha am Bòrd a' toirt air adhart.

"Tha mòran deasbaid air a bhith ann mun fheum air taic a thoirt do na coimhairsnachdan far a bheil Gàidhlig na cànan coimhairsnachd sna beagan mhìosan sa chaidh agus cuiridh na pròiseactan seo ri càileachd na taic a tha ri fhaighinn dhaibhsan a tha airson tighinn beò tron Ghàidhlig."

Thatтар cuideachd a' cur barrachd taic an sàs tro lìonra proifeasanta airson oifigearan coimhairsnachd Gàidhlig. Thèid seo a lìbhrigeadh ann an com-pàirteachas de Shabhal Mòr Ostaig, Oilthigh Obar Dheathain agus Comunn na Gàidhlig. Thèid barrachd fiosrachaидh mu dheidhinn seo a sgaoileadh an ath sheachdain.



Brath Naidheachd // Press Release

FOR IMMEDIATE RELEASE

18.03.2021

Bòrd na Gàidhlig today agreed to take forward two developments which will strengthen Gaelic usage, with a strong focus on island and rural communities. In recognition of the challenges caused by COVID-19 to school pupils in Gaelic medium education (GME), £212k of funding has been awarded to Comann na Gàidhlig, Comunn nam Pàrant and Fèisean nan Gàidheal to deliver additional activities in Gaelic for young people.

The funding will see the creation of a full-time officer to work with community led Fèisean in the Outer Hebrides and a full-time officer post within Comunn nam Pàrant to support Gaelic usage within families. Additionally, the funding will allow Comunn na Gàidhlig to increase youth officer support in the Outer Hebrides, Skye and Lochaber, whilst offering new support to young people in the Uig district of Lewis, Easter and Wester Ross. A key aim of all these posts will be to increase collaboration within Gaelic communities, encouraging young people to use Gaelic more often and in a wider range of activities and situations. Bòrd na Gàidhlig is grateful to Scottish Government for post-recovery funding of £150k which it contributed to this award.

The Board also agreed the funding of a pilot scheme worth £154,000 which will be taken forward in collaboration with Community Land Scotland. The scheme, which will be open to community trusts in the Outer Hebrides, and the islands of Highland Council and Argyll and Bute, will provide funding to implement the community led Gaelic plans. Community Land Scotland will deliver the pilot, and decision-making on awards will be delivered by a panel of community representatives. The funding will provide a range of grants for increasing the use, learning and promotion of Gaelic, based on the activities that each community wants to take forward.

Mary MacInnes, Chair, Bòrd na Gàidhlig, said: “We’ve talked and listened to many organisations about how we can work with communities to grow Gaelic usage and we are mindful too of the Scottish Government’s aim to increase community empowerment. We see these two awards as a positive and innovative way to strengthen collaborations and increase the use of Gaelic in island and rural communities in particular.”

Deputy First Minister John Swinney said: “The Scottish Government is committed to supporting our Gaelic communities and I welcome these projects which the Bord is taking forward.

“There has been a lot of discussion about the need to support our vernacular communities in recent months and these projects will only add to the quality of support available to those interested in living their lives through the Gaelic language.”



Brath Naidheachd // Press Release

Further support is also being put in place through a professional network for Gaelic community officers. This will be delivered by a partnership of Sabhal Mòr Ostaig, University of Aberdeen and Comunn na Gàidhlig. Further information regarding this will be released next week.